

FREAGAIRT BHO BHORD NA CEILTIS (ALBA) (BOCS) DO PHLANA NAISEANTA NA GAIDHLIG 2006

A. Ro-ràdh

1. Tha Bòrd na Ceiltis a' cur fàilte air a' Plana Nàiseanta, anns a' chiad dreach anns a bheil e againn, mar thoiseach tòiseachaidh ann a bhith a' cruthachadh slighe shoibheachail don Ghàidhlig ann an Albainn anns na bliadhnachan a tha air thoiseach oirnn. Tha sinn an comain Bòrd na Gàidhlig airson na saothrach a bhuilich iad air a' cheum seo, agus air a bhith a' mìneachadh nan dòighean anns am faod adhartas tighinn gu buil.

2.1 Chuireamaid air shùilean do Bhòrd na Gàidhlig gu bheil na Roinnean Ceiltis ann an Dùn Eideann, Glaschu is Obar Dheathain, agus Roinn an Fhoghlaim ann an Srath Chluaidh, air a bhith nan cùl-taic làidir don Ghàidhlig fad iomadh bliadhna – ceud bliadhna is barrachd uile gu lèir. Gu sònraichte, tha na Roinnean fa leth air oileanaich Ghàidhlig oideachadh a tha air a bhith ann an dreuchdan feumail ann an saoghal na Gàidhlig, gu seachd àraid ann an teagasg aig ìrean bun-sgoil is àrd-sgoil. Tha na h-oileanaich sin cuideachd air ceannas a chur an gnìomh anns na h-Eaglaisean, ann am foillseachadh na Gàidhlig, agus ann an gnìomhachasan de dh'iomadh seòrsa, gun tighinn air Bòrd na Gàidhlig fhèin.

2.2 Tha iomradh ga dhèanamh (mar as còir) air na h-oilthighean anns an Ro-innleachd Nàiseanta airson Foghlam Gàidhlig (t.d. 43), ach chan eil am Plana Nàiseanta idir a' toirt na h-aire agus na h-inbhe air a bheil iad airidh do na h-oilthighean. Shaoileamaid gum biodh na h-oilthighean agus na Roinnean aig cridhe (seach iomall) gluasad den t-seòrsa seo. Tha Bòrd na Gàidhlig ann am bith an-diugh, ann am pàirt nach beag, a chionn 's gun robh luchd-dreuchd nan oilthighean deònach an ùine agus an sgilean a chur an sàs ann a bhith a' strì ris an Riaghaltas aig deifir ìrean airson bonn-stèidh seasmhach a chosnadh don Ghàidhlig ann an Albainn. Chuireadh e iognadh air luchd na Gaeilge no air luchd na Cuimris gu bheil cho fìor bheag de dh'iomradh air na h-oilthighean Albannach anns a' Phlana Nàiseanta, agus chan e gu bheil sinne air deireadh air ar co-luchd-obrach ann an Eirinn no anns a' Chuimrigh anns na tha sinn a' dèanamh às leth ar cànan fhìn. Feumar an dearmad seo a cheartachadh.

2.3 Tha BOCS den bheachd gu bheil doilleireachd is mì-thuigse mhòr aig cridhe chùisean a thaobh an t-seallaidh air na h-oilthighean a tha a' nochdadh anns a' Phlana Nàiseanta, agus, gus seo fhuadach, tha e na adhbhar gàirdeachais gu bheil bunait còmhraidh a-nis air a stèidheachadh eadar BOCS is Bòrd na Gàidhlig.

3. Tha Bòrd na Ceiltis ag aontachadh le Bòrd na Gàidhlig gu bheil e air leth riatanach gum biodh Plana Nàiseanta ann airson a' Ghàidhlig a chur air adhart ann an Albainn gu lèir, ann an deifir dhòighean, agus aig deifir ìrean, mar a mheasar iomchaidh.

4. Tha Bòrd na Ceiltis cuideachd airson taic a thoirt do Bhòrd na Gàidhlig ann a bhith a' cur a' Phlana Nàiseanta an gnìomh anns an raon a tha fo sgèith BhOCS. Tha BOCS airson a bhith a' cur na Gàidhlig gu feum agus ga brosnachadh anns gach dòigh a tha freagarrach an taobh a-staigh den raon sin, agus ann an raointean eile far am faod BOCS taic fheumail a thoirt seachad.

B. Puingeann Sònraichte

(a) Leasachadh Corpais

1. Tha BOCS toilichte gu bheil an raon air leth luachmhor seo a' faotainn deagh aire anns a' Phlana, agus tha am Bòrd moiteil gu bheil an dàimh a tha aige ris an raon seo air a thoirt am follais.
2. Mholadh BOCS gum bu chòir faclairachd na Gàidhlig a bhith aig ìre gu math, math nas àirde na tha e anns na Prìomhachasan. Tha faclairachd na Gàidhlig, agus an sgoilearachd a tha na chois, na bhunait do Leasachadh Corpais aig gach ìre air am faodar smaointeachadh. Mura bi rian is leasachadh air faclairachd is briathrachas, chan eil am BOCS a' faicinn ciamar as urrainn do dh'adhartas de sheòrsa ciallach sam bith a bhith ann a thaobh na Gàidhlig anns an linn a tha romhainn. Tha faclairachd is briathrachas a' bualadh air gach raon anns a bheil dùil aig Bòrd na Gàidhlig ri soirbheachadh fhaicinn. Tha an gnothach cho bunaiteach sin.
3. Tha BOCS a' cur làn taic ris a' mholadh anns a' Phlana Nàiseanta gum bu chòir buidheann-stiùiridh nàiseanta a bhith air a stèidheachadh airson planadh corpais don Ghàidhlig.

(b) Foghlam

1. Bhon as e foghlam a chompairteachadh aig an Treas Ire prìomh adhbhar nan Roinnean Ceiltis is Foghlaim a tha an sàs anns a' Ghàidhlig, tha BOCS a' toirt aire shònraichte do na tha am Plana Nàiseanta ag ràdh a thaobh Foghlaim. Tha BOCS ag aontachadh gu bheil gainnead luchd-obrach na chnap-starra mòr anns an raon seo, agus mholadh BOCS gum biodh gach oilthigh le Roinn Cheiltis (no a leithid) an sàs anns an leasachadh.
2. Tha e na adhbhar ioghnaidh is iomagain do BhOCS nach eil iomradh ga dhèanamh air a' Bhòrd (no air gach Roinn fa leth) a thaobh foghlaim aig an Treas Ire. Tha e do-thuigsinneach leis a' Bhòrd gum biodh beàrn – gu dearbh, toll mòr, eagallach – cho follaiseach ann am Plana Nàiseanta aig an ìre seo.
3. Tha BOCS mothachail gu bheil ionnsachadh is cleachdadh na Gàidhlig nam prìomh bhunait do dh'adhartas na Gàidhlig, ach tha BOCS den bharail gum bu choir cùrsaichean air eachdraidh, litreachas, dualchas is dualchainntean na Gàidhlig a bhith air am moladh gu làidir anns an roinn den Phlana a tha a' buntainn ri Foghlam. Tha cruth is clàr an Fhoghlaim a tha ri thairgsinn a cheart cho cudthromach, ach tha beàrnan mòra anns a' Phlana a thaobh an t-seòrsa clàr-obrach Gàidhealach a bhios riatanach.
4. Tha BOCS a cheart cho mothachail gu bheil feum air stòras foghlaim a bhrosnachadh aig gach ìre, bhon bhun-sgoil gu ìre oilthigh, agus tha e na adhbhar ioghnaidh is iomagain don Bhòrd nach eil iomradh air BOCS anns an earrainn sin. Chuireamaid air shùilean do Bhòrd na Gàidhlig gu bheil na sgoilearan anns na Roinnean Ceiltis nan sàr-eòlaichean air deasachadh stòras foghlam, agus gum bu chòir an sgilean a bhith air an cur gu feum anns an raon sin. Tha feum mòr da-rìribh air leabhraichean is meadhanan sgrìobhte is labhairt eile a tha air an deasachadh le

ùghdarras, eòlas is tuigse, agus shaoileamaid gum biodh na h-oilthighean do-sheachanta feumail ann an oidhirp den t-seòrsa seo.

5. Tha BOCS den bheachd gum feumar ionmhas a lorg, agus sporan sònraichte a chruthachadh, airson iomadh raon de dh'Fhoghlam Gàidhlig a chur air bunait sheasmhaich, ma tha piseach maireannach ri tighinn air cùisean. Bidh cur-an-gnìomh a' Phlana Nàiseanta ann fhèin gu mòr an eisimeil eadar-theangairean, sgilean cànan de chaochladh sheòrsachan, agus cùrsaichean sònraichte aig an dàrna ìre is aig an treas ìre. Ma tha soirbheachadh ri bhith ann – an gnìomh agus an toradh seach an rùn – bidh iarraidh mhòr air sgilean cànan ann an cunntasachd, laghaireachd, dotaireachd, matamataig is iomadh cuspair eile.

6. Feumar, mar an ceudna, pròiseactan rannsachaidh a stèidheachadh a bheir stiùireadh ceart is bunait làidir do phoilisidh Foghlaim Gàidhlig, agus do choilionadh feumalachdan na Gàidhlig aig gach ìre; chan ann air oiteagan fasanta, buaireasach, a bu chòir an gnothach a bhith air a stèidheachadh, ach air solarachadh fiosrachaidh a tha air a shàr dhearbhadh.

7. Tha BOCS a' moladh gum bu chòir dòigh a bhith ann, le ionmhas mar thaic dha, air cothrom a thoirt do luchd-ionnsachaidh na Gàidhlig beagan mhìosan a chur seachad ann an coimhearsnachdan Gàidhlig.

8. Tha e na adhbhar iomagain do BhOCS gu bheil cho beag iomraidh ga dhèanamh anns a' Phlana air luchd-ionnsachaidh aig deifir ìrean, agus cho beag aire ga thoirt do 'fhileantachd' san aon dòigh, agus na feumalachdan a tha an lùib sin.

(c) Cultar

1. Tha BOCS a' cur luach mòr air gach ceum a nìthear a thaobh a bhith a' neartachadh cultar na Gàidhlig. Am beachd BOCS, tha gach buidheann a tha air ainmeachadh anns a' Phlana a' cur ri neart cultair ann an dòigh air choreigin, agus, air an adhbhar sin, tha e duilich do BhOCS a thuigsinn carson a tha 'cultar' air a mhìneachadh ann an dòigh a tha cho doilleir 's gu bheil cuid a bhuidhnean a tha uile-gu-lèir bunaiteach (leithid BhOCS agus nan Roinnean Ceiltis) nach eil air an ainmeachadh idir.

2. Tha e na mhòr-ioghnadh leinn mar an ceudna nach eil iomradh ga dhèanamh air litreachas na Gàidhlig anns an fharsaingeachd, a' toirt a-staigh rosg, bàrdachd agus òrain. Tha luchd-obrach nan Roinnean nan sàr-eòlaichean anns na raointean sin.

3. Tha BOCS mothachail gu bheil cunnart anns an doilleireachd air a bheil iomradh ga dhèanamh ann an 1 gu h-àrd. Tha sin a' cur an cèill do dhaoine gu bheil 'cultar' ga adhartachadh le buidhnean sònraichte (seach cuid eile). Feumar 'cultar' a thuigsinn mar shochair leathann, bheartach, nach eil, agus nach bu chòir a bhith, fo chuing bhuidhnean a dh'fhaodadh a bhith ionadail nam modh-obrach no claon is mearachdach nan sealladh air an dualchas gu lèir. Ann am Plana Nàiseanta, bu chòir an sealladh a bhith cho farsaing 's a ghabhas. Shaoileadh BOCS gur h-e beartachadh cultar na Gàidhlig aig gach ìre prìomh adhbhar Plana Nàiseanta den t-seòrsa seo.

(d) Conaltradh

1. Tha conaltradh, agus an comas a bhith a' conaltradh aig deifir ìrean, na bhunait aig cùrsaichean Gàidhlig nan oilthighean. Tha na h-oilthighean a' liubhairt mòran de na cùrsaichean aca tro mheadhan na Gàidhlig, agus tha an luchd-teagaisg mar sin an còmhnaidh a' strì ri dòighean-conaltraidh èifeachdach a lorg ann an iomadh cuspair. Tha cuid mhath de luchd-ceum nan oilthighean an sàs ann an deifir mheadhanan conaltraidh.

2. Tha sgilean sònraichte aig luchd-dreuchd nan Roinnean Ceiltis is Foghlaim ann an raointean mar chlà-bhualadh is foillseachadh. Tha seo fìor a thaobh irisean mar *Gath*, mar eisimpleir, a chaidh a stèidheachadh le aon de na h-Ard-Ollamhan, agus gu sònraichte a thaobh Comhairle nan Leabhraichean (far an robh co-dhiù trì Ard-Ollamhan nam Fir-chathrach tro na bliadhnanachan, agus far a bheil aon eile na Fhear-cathrach an-dràsda fhèin). Tha cuid air a bhith an sàs gu làidir ann an craoladh, agus ann an dealbhachadh an structair chraolaidh a tha aig na Gàidheil an-diugh.

3. Tha conaltradh ag obair am broinn gach pàirt de bheatha na Gàidhlig, agus tha an aon rud fìor mu na Roinnean Ceiltis agus na tha fa-near dhaibh.

C. Dearcnachadh is cur an gnìomh a' Phlana

1. Tha am Plana Nàiseanta farsaing na rùintean agus na amasan, mar a dh'fheumar, ach tha BOCS mothachail gu bheil àiteannan ann, gu sònraichte a thaobh Foghlaim aig an Treas Ire, far am faodadh an sealladh a bhith gu math na b' fharsaing agus na bu tuigsiche na tha e, agus na bu doimhne cuideachd. Tha am Plana buailteach a bhith tana an àiteannan, agus as eugmhais bann-cheangail a tha ag iathadh gach pàirt dheth. Tha e a' siabadh a-null 's a-nall ann an iomadh raon, mar nach biodh co-theacs air a lorg anns am faodte gach nì a chur an cèill gu snasail, agus a thoirt ri chèile gu grinn aig a' cheann thall.

2. Tha BOCS a' faireachdainn gu bheil ceistean mòra, mòra, nach eil an dàrna cuid air an cur no air am freagairt, ag èirigh gu sònraichte a thaobh a bhith a' cur a' Phlana an gnìomh, leis cho farsaing 's a tha e, agus leis cho ioma-fhillte 's a dh'fheumas e a bhith. Chan eil innleachd obrach air chùl chùisean. Chan eil an seo fhathast ach ciad tuairmse, agus feumar an tuairmse sin a neartachadh gu ìre ro-innleachd làidir, èifeachdach, aig am bi buaidh mhaireannach. Chan e na barailean a chòrdas ris an Riaghaltas a tha a dhìth aig a' cheann thall, ach na bunaitean seasmhach a chumas a' Ghàidhlig beò.

3. Tha BOCS a' tuigsinn gu bheil e an comas a' Bhùird impidh a chur air ùghdarrasan ionadail agus buidhnean poblach ann a bhith a' cruthachadh plana Gàidhlig dhaibh fhèin, agus ga chur an gnìomh. Am barail BhOCS, bhiodh e feumail dòighean daingeann, cinnteach a lorg leis an gabhadh adhartas a thomhas aig gach ìre, agus anns gach raon, a tha anns a' Phlana Nàiseanta. Mura dèanar sin, bidh teagamh ann mun Phlana, agus co-dhiù a thèid a chur an gnìomh gu h-èifeachdach gu bràth ann an Albainn.

4. Mholadh BOCS gum bu chòir do Bhòrd na Gàidhlig buidhnean sònraichte a chomharrachadh, aig am biodh an comas agus an t-ùghdarras na raointean aca fhèin a bhrosnachadh a thaobh a' Phlana, agus adhartas (no cion adhartais) a thomhas mar as iomchaidh.

5. Bhiodh BOCS deònach an dleastanas seo a choilionadh anns na raointean a tha a' tighinn fo sgèith. 'S ann airson na Sgrùdaidhean Ceilteach agus Gàidhlig a bhrosnachadh ann an Albainn, an taobh a-staigh de na h-Oilthighean agus na Colaisdean, a thàinig BOCS gu bith.

6. Bheireadh 'buidhnean comharraichte' mar BhOCS doimhneachd agus ùghdarras do dh'obair Bòrd na Gàidhlig ann a bhith a' cur an gnìomh farsaingeachd a' Phlana Nàiseanta. Nam biodh na 'buidhnean comharraichte' sin air am maoineachadh leis a' Bhòrd, gu ìre a bhiodh freagarrach, dh'fhaodadh piseach mòr a bhith ann don dà thaobh.

7. Tha BOCS an sàs mar tha ann a bhith a' cruthachadh Plana a bhios a' toirt fa-near nan ceuman a dh'fheumar anns na bliadhnan eadar 2006 is 2010 airson teagasg, rannsachadh is cleachdadh na Gàidhlig a bhrosnachadh anns an raon a tha an urra ris.

8. Anns a' cho-dhunadh, tha BOCS a' toirt taing don Bhòrd airson a' chothroim seo a bhith a' beachdachadh air a' Phlana Nàiseanta, agus a' cur an cèill a dheagh rùn do na prionnsapail air a bheil e stèidhichte.

An t-Ard-Ollamh Dòmhnall Eachann Meek
As leth Bòrd na Ceiltis (Alba)
8 Samhain 2006